

Reachd VII

A' toirt bhall-airm bho na Cinnidhean

Chuir **Reachd VII casg** air **buill-airm** agus le seo cha robh e cho furasta do chinnidhean **ionnsaighean** a dhèanamh. Bha mòran den bheachd gum b' e gnìomh eile a bha seo gus siostam traidiseanta nan **cinnidhean** a chur sìos:

VII. Nach biodh hagbut no daga aig Eileanaich 's iad a-muigh, agus nach biodh iad a' losgadh air fèidh, geàrran no eòin le gunnaichean mar sin.

Ged a bha na Goill **a' coimhead sìos air** na Gàidheil, bha eagal orra ro chumhachd **armailteach** nan **ceann-cinnidh**. Bha an **ceann-cinnidh** a' smaoinichadh air a' **chinneadh** mar 'theaghlach' **dileas**. B' e a **dhleastanas**-san an **dion**, gu h-àraidh nuair a bha **crudal** no **gort** ann. Bha na **fir-chinnidh** an-còmhnaidh **umhail** don **cheann-cinnidh**. B' iad an t-arm prìobhaideach aige. Leanadh na **fir-chinnidh** an **ceann-cinnidh** a-steach a **bhlàr** aig àm sabaid an t-samhraidh. Bhiodh na **cinnidhean** a' sabaid gus am **fearann** agus an **sgìre** air an robh buaidh aca a **leudachadh**. Cuideachd, bhiodh iad tric **a' togail creach** – a' goid stoc bho **cinnidhean** a bha faisg orra.

Chuir a' **Phàrlamaid** casg air cleachdadh **bhall-airm** bho àm gu àm ron seo, ach a-nis, dh'fheumadh na **fir-chinnidh** dìon a shireadh bhon rìgh agus cha b' ann bhon **cheann-cinnidh**. Chuir an t-òrdugh ùr seo às do **structaran riaghlaidh** agus lagha nan **cinnidhean** a bha ann o chionn fhada.

